

TÒIOMHSEACHAN IOLAIREAN

Tha na freagairtean air an duilleag-fiosrachaidh. Tha litrichean nam freagairtean am measg a chèile san dara colbh airson taic.

Sanasan	Taic	Freagairt
Far an deach an iolair-mhara mu dheireadh a mharbhadh an 1917	LEASINATN	□□□□□□□□
An t-ainm airson eòin a bhios a' sealg mar an iolair-chladaich	NÒIE-RIÀ	□□□□□ □□ □□□□
Tha na daoine seo fhathast nan cunnart dhan iolair-mhara	CHILMIRE GHIUANE	□□□ □□□□□□□
Bidh iolairean-mara ag ithe chlosaichean.	BÀLCRAHCIAANE	□□□□□□□□□□
'S e _____ a th' annta	NAERIAMAEG	□□□□□□□□□□
Chuir na daoine seo cuideachd às dhan iolair-mhara ann an Alba	I L E M U	□□□□ □□ □□□□
Tha ionad-beachdachaidh do dhaoine air an eilean seo airson coimhead air iolairean-mara		

Tha Seumas airson fiadh-bheatha Alba a chuideachadh. Dè nì e? Leugh gach abairt sa phaidhir agus cuir cearcall mun fhear a bu chòir Seumas a dhèanamh.

- | A | B |
|---|---|
| 1 cuir leacan air a' ghàrradh gu lèir | cuir gàrradh fiadh-bheatha |
| 2 dèan àiteach organach | cleachd stuth-marbhaidh phlàighean air a' bhàrr |
| 3 leag pàipear is botail an àite sam bith | ath-chuartaich nas urrainn dhut |
| 4 cleachd stuthan an àite mòine sa ghàrradh | cleachd bathar mòna sa ghàrradh |
| 5 dèan dùn mathachaidh | cuir sgudal gàrraidh is cidsin dhan bhiona |




SCOTTISH
NATIONAL
HERITAGE

Freagairtean an t-òimhseachain: Sealtainn, Eòin-àir, meirlich uighean, clàbarach, geamairean, Muile
Answers to word play

mu dheidhinn... Iolairean-mara

Tha an iolaire mara **MÒR**. Tha sgiathan leathann, ceàrnagach aca a tha mu **8 troighean** a dh'fhaid. 'Se an iolaire mara an ceathramh iolaire as motha air an t-saoghal agus



The Picts on Orkney carved this sea eagle during the iron age.

uaireannan bheir iad 'dorsan an t-sabhail' air. Tha iad math air iasg a ghlacadh agus 's urrainn tè de na h-inean aca fàs gu **4.6cm**. 'S beag an t-iongnadh gu bheil an iolaire mara mar phàirt de dhualchais na h-Alba airson mìltean de bhliadhnan.



IOLAIRE SUILE NA GREIN

EUN LÀN MÌOTAS IS UIRSGEUL

Aig Uaigh na h-Iolairean ann an Arcaibh, chaidh cnàmhan aig 8 iolairean-mara a' lorg anns an uaigh a tha 3,000 bliadhna a dh'aois. Chan eil fios le cinnt carson a chaidh iad an cuir ann. 'S docha gun robh iad a' samhlachadh an cinneadh aca agus gun deach iad an cuir còmhla air sailleadh seo neo 's docha gun robh iad a' creidsinn gun urrainn an iolaire mara spiorad na mairbh a tharraing dhan ath saoghal. Tha fios againn gun robh daoine o shean ann an Alba a' fàgail cuirp na mairbh a-mach airson na eunain-àir an itheadh mus deach na cnàmhan aca air an tiodhlacadh.

Ann na linntean a chaidh seachad, bha iasgairean a Sealltainn a' smaointinn gu robh cumhachdan draoidheachd aig na h-

iolairean-mara airson iasg a' ghlacadh ('se Erne a th'aca airson an iolaire mara – a' ciallachadh 'The Soarer'.) Bha iad a' creidsinn mu bha iolaire mara os an cionn, bhiodh na h-èisg a' tighinn gu bàrr a' mhuir agus na mionaich aca a' sealltainn. Thug seo air na h-iasgairean geir an iolaire a chuir air a' bhìadh (bait) airson barrachd èisg a ghlacadh.

Tha sgeulachd ann a Sealltainn mu dheidhinn pàisde a chaidh a' ghlacadh le iolaire mara agus a' toirt gu nead air Eilean Fetlar. Chaidh aon duine is a mhac òg chun an nid a bha air sgeir cas le ròpaichean agus shàbhail iad am pàisde. Nuair a fhàs am pàisde suas, phòs i an gille òg a shàbhail i agus tha mòran dheth na daoine ann am Fetlar dh'an t-sliochd sinn an diugh.

CHO MARBH RI SGADAN?

Bha uair a bha an iolair-mhara air feadh Bhreatainn agus bha i a' neadachadh cho fada deas ri Eilean Wight ann an 1780. Bha an iolair-mhara mu dheireadh ann an Sealtainn cho fad 's as aithne dhuinn. B' e albino (gu tur geal) a bh' innte agus dh'ion muintir an àite i fad 30 bliadhna. Chaidh a marbhadh ann an 1918 agus bha an iolair-mhara air a dhol À BITH ann am Breatainn. Chuir tuathanaich is geamairean às dhan iolair-mhara. Chlàr aon oighreachd an Alba ann an Gleann Garadh gun deach 1372 eun-àir a mharbhadh eadar 1837 is 1840 le 27 iolair-mhara nam measg.



AN RÌGH AIR AIS

Ged a chaidh iolairean-mara à bith ann am Breatainn, chùm iad a' gintinn ann an Nirribhidh agus thòisich daoine a' feuchainn rin toirt air ais a dh'Alba ann an 1968. Thugadh iseanan a dh'Alba à neadan ann an Nirribhidh. Tha coltas gu bheil mu 31 paidhir ann an Alba agus mar sin tha iad gu math TEARC. Chan eil na h-iolairean sàbhailte fhathast ge-tà, oir feumar sùil a chumail air neadan gus nach goid duine na h-uighean. Bidh daoine cuideachd uaireannan gam marbhadh no gam puinnseanachadh. Tha buidhnean mar Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH) agus an RSPB is daoine is buidhnean fa leth ag obair airson na creutairean seo a dhìon.

FIOSRACHADH ANNASACH

- CLÀBARAICH A' BHLÀIR

Bhiodh iolairean-mara nan clàbaraich far an robh Anglo-Saxons a' sabaid. Tha fiosrachadh ann mu iolairean aig Blàr Brunanburh ann an 937 AD: "an iolair-mhara a' dèanamh mar a thogradh i air na cuirp."

ABAIR NEÒNACH!

'S e EÒIN-ÀIR a th' ann an iolairean. Mar sin, bidh iad a' sealg agus ag ithe feòil. 'S e iasg am prìomh bhiadh aca ach is toigh leotha cuideachd eòin-mhara, tunnagan is mamailean, mar rabaidean. 'S e CLÀBARAICH a th' annta cuideachd agus bidh iad a' piocadh closaichean fhèidh is chaorach oir tha sin nas fhasa na bhith ag iasgach is a' sealg.

IOLAIREAN-MHARA

Tha iolairean-mara gu math tearc ach bidh iad a' neadachadh ann an corra sgìre ann an Alba. Tha paidhir ann am Muile agus faodaidh tu tadhal orra nuair a tha iad a' neadachadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuir fios gu SNH, Oifis an Òbain, Rathad Glencruitten, An t-Òban, Earra-Ghàidheal, PA34 4DN Fòn: 01631 567228

FIOSRACHADH INNTINNEACH DIOGHALTAS AN FHLUMAIRE

Theab am fulmaire cur às do phrògram tillidh na h-iolair-mhara. Bidh fulmairean a' dèanamh ola steigeach le droch fhàileadh airson iad fhèin a dhìon agus mar bhiadh dha na h-iseanan. Thòisich na ceithir iolairean-mara a leigeadh mu sgaoil air Eilean nan Caorach ann an 1968 a' glacadh is ag ithe fhlumairean. Chailleadh trì dhiubh agus chaidh an tè mu dheireadh a lorg làn ola fulmaire. Bhàsaich i sin greiseag an dèidh sin.




AN IOLAIR-MHARA

- Le eòin-àir tha an t-eun boireann nas truime na am fear fireann. Tha 6 cg de chuideam san iolair-mhara boireann.
- 'S e iolair-mhara Stellar, sa bheil 9 cg de chuideam, an iolaire as truime.
- Tha 31 paidhir de dh'iolairean-mara a-nis ann an Alba.
- Cha bhi iolair-mhara a' gintinn gus am bi iad eadar 5 is 6 bliadhna a dh'aois agus bidh i beò eadar 20 is 25 bliadhna.
- Beiridh iad eadar 1 – 3 uighean (2 mar as trice) ann an neadair bearradh no ann an craobh mhòr.
- rugadh 26 iseanan ann an 2003 – a' bhliadhna a b' fheàrr fhathast.



OBÀIR AIR IOLAIREAN

Cia mheud duine cloinne airson iolair-mhara a dhèanamh?



Tarraing dealbh-chruth iolair-mhara air pàipear-naidheachd no le cailc air an làr. Cleachd an teamplaid mar phàtran. Bu chòir rèis nan sgiathan a bhith 245 cm agus an fhaid on ghob chun an earbail a bhith 100 cm. Cia mheud sgoilear nan sineadh a dh'fhìotas ann an dealbh-chruth na h-iolaire?

Sgeulachdan mu iolairean

Smaoinich ciamar a bhiodh na seann treubhan ann an Alba a' faireachdainn mu iolairean-mara. Sgrìobh fhèin sgeulachd mu iolairean-mara ann an Alba.

Dèan lìon-bìdh sìmplidh mun iolair-mhara agus a biadh

Tha eisimpleir de lìon-bìdh gu h-ìosal a tha a' gabhail a-steach iolair-mhara. Airson lìon-bìdh nas sìmplidhe, fàg às an earrann dhonn. Tha na saighdean a' sealltainn mar a tha lùth a' sruthadh san t-siostam. Dèan cairtean le ainmean bheathaichean is lusan orra. Ann am buidhnean, iarr air na sgoilearan na saighdean is na h-ainmean a chur air dòigh ann an lìon-bìdh.

